

'S mur cuir thu siol fallain,
 Ann carraich na h-oige,
 Co chinte 's am bas duit,
 Cuiridh Satan droch phor ann;
 A dh' fhusas na dhubbailc,
 'S na luidheanna feola:
 'S bidh do bhuan mar a chuir thu;
 Mas subhaile no doibheart.

Ma bhios d' oige gun riaghlaigh,
 'S d' anamiauna gun taod.riu,
 Gu'm fas iad co fiadhaich,
 'S nach srian thu ri d' tois iad;
 Am meangan nach sniomh thu,
 Cha spion thu na chraobh e;
 Mur shineaas e gheugan,
 Bidh fhreumhan a sgoileadh.

Tha do bheatha nec-chinnateach.
 O 'n tinn a bheir bas ort,
 Uime sin bi re dithchioll
 Do shith dheanamh trathail:
 'S e milleadh gach cuise
 Bhi gun churam cur dail innit';
 'S ionann aithreachas criche,
 'S bhi eur sil mu Fheill-martuin.

Tha ghrian ann ana spearsaibh
 Ruith reise gach latha;
 'S i 'giorrach' do shaoghal,
 Gach oidhche a luidhens.